

An Litir Bheag **le Ruairidh MacIlleathain**

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 151 (which corresponds to Litir 455). Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk.

Tha ainmean nam mìosan ann an Gàidhlig gu math inntinneach. Ach, anns an naoidheamh linn deug, cha robh iad mar a tha iad an-diugh. An-diugh tha *An Gearran* air a stèidheachadh mar a' Ghàidhlig air *February*. Ach chan eil *A' Chailleach* againn mar ainm airson *April*.

Tha *gearran* a' ciallachadh each a th' air a spothadh. Tha e cuideachd a' ciallachadh each beag – *Highland pony*. O shean, tha cuid ag ràdh gum b' e *An Gearran* na ceithir seachdainean an dèidh a' chòigeamh latha deug dhen Mhàrt. Tha cuid eile ag ràdh gur e mìos *February* a bha ann. Tha feadhainn ag ràdh nach robh ann ach an dàrna leth de *February*. Agus tha cuid eile ag ràdh gun robh e naoi latha a dh'fhaid, agus gun robh e a' tighinn dìreach às dèidh *An Fhaoillich*.

Seo na chanas Alasdair MacBheathain anns an fhaclair aige – *An Etymological Dictionary of the Gaelic Language*: “[*An Gearran*] forms a part of the animal nomenclature given to the several periods of Spring-time.” An toiseach, *Am Faoilleach* – mìos nam madaidhean-allaidh. An uair sin *An Fheadag*, *the plover*. Mhair sin dìreach seachdain. Tha Dwelly ag ràdh gur e *An Fheadag* an treas seachdain de *February*.

Às dèidh na Feadaig, thàinig *An Gearran*. An uair sin thàinig *A' Chailleach* no *Old Woman*. Bha sin co-ionann ri tràth sa Ghiblean no *April*.

Carson nach do mhair *An Fheadag* no *A' Chailleach* mar ainmean mhìosan? Chan eil mi cinnteach. Ach chaidh *Am Faoilleach* a dhèanamh co-ionann ri *January* is *An Gearran* co-ionann ri *February*. Carson a chaidh *Am Màrt* a thaghadh airson *March*? Carson nach deach rudeigin Gàidhealach a thaghadh mar *An Fheadag* no eadhon *A' Chailleach*? Ma tha beachd agaibh fhèin, nach cuir sibh fios thugam?

Tha *A' Chailleach* againn fhathast ann an seanfhacal: '***S iomadh fear a thèid le eallaich ri seachdain chruaidh na Caillich***. *Many a man carries a load in the hard week of the Cailleach*. 'S iomadh fear a thèid le eallaich ri seachdain chruaidh na Caillich. Bha *A' Chailleach* ann aig toiseach a' Ghiblein. Cha robh am fear a' fàs. Bha daoine a' giùlain eallaich de dh'fheur air an druim aig an àm sin.

Tha earrann ainmhidheach eile ann as t-Earrach – *Na h-Othaisgean*. Nì mi iomradh air sin an ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan is abairtean: ainmean nam mìosan: *the names of the months*; anns an naoidheamh linn deug: *in the 19th Century*; mar a tha iad an-diugh: *as they are today*; air a stèidheachadh: *established*; tha gearran a' ciallachadh each a th' air a spothadh: *gearran means a horse that has been castrated*; o shean: *in olden times*; na ceithir seachdainean an dèidh a' chòigeamh latha deug dhen Mhàrt: *the four weeks following the fifteenth of March*; nach robh ann ach an dàrna leth de: *that it was only the second half of*; naoi latha a dh'fhaid: *nine days long*; dìreach às dèidh An Fhaoillich: *straight after Am Faoilleach*; Alasdair MacBheathain: *Alexander Macbain*; mìos nam madaidhean-allaidh: *the month of the wolves*; an treas seachdain: *the third week*; co-ionann ri tràth sa Ghiblean: *equivalent to early in April*; carson nach do mhair X?: *why didn't X last?*; carson nach deach rudeigin Gàidhealach a thaghadh: *why didn't something Gaelic get chosen*; ma tha beachd agaibh fhèin, nach cuir sibh fios thugam?: *if you have an opinion yourself, why not let me know?*; seanfhacal: *proverb*; aig toiseach a' Ghiblein: *at the start of April*; cha robh am feur a' fàs: *the grass wasn't growing*; a' giùlain eallaich de dh'fheur air an druim aig an àm sin: *carrying a load of hay on their back[s] at that time*; tha earrann ainmhidheach eile ann as t-Earrach: *there's another animal part [named for an animal] in spring*; nì mi iomradh air sin an ath-sheachdain: *I'll give [make] an account of that next week.*

ENDS